

Stiùireadh Sgeama Cholmcille 2021/22 (Cùrsa Gaeilge)

Colmcille 2021/22 (Irish Course) Funding Guidelines

Mu dheidhinn na Maoine

'S e com-pàirteachas eadar Foras na Gaeilge ann an Èirinn agus Bòrd na Gàidhlig ann an Alba a th' ann an Colmcille. Bidh e a' brosnachadh conaltradh agus co-obrachadh eadar coimhearsnachdan cànan na Gàidhlig agus na Gaeilge.

Am bliadhna tha sinn a' comharrachadh 1500 on a chaidh Naomh Cholmcille a bhreith [le bliadhna de thachartasan is pròiseactan sònraichte](#).

Tha a' phàirt seo den mhaoin a' cur taic ri luchd-labhairt na Gàidhlig a tha airson cùrsa Gaeilge a dhèanamh, is seo a' brosnachadh tuigse eadar luchd-labhairt na Gàidhlig is Gaeilge ann an Alba is Èirinn.

Mu dheidhinn Bòrd na Gàidhlig

Ag innse cò sinn

'S e Bòrd na Gàidhlig a' bhuidheann phoblach le uallach gus planadh a dhèanamh airson agus stiùireadh a thoirt don iomairt gus cànan is cultar na Gàidhlig a thoirt air adhart ann an Alba às leth Riaghaltas na h-Alba.

Ar n-àrd-amas

Gum bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh mar phàirt bunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha.

Tha gach sgeama maoinachaidh a tha Bòrd na Gàidhlig a' ruith stèidhichte air na prìomhachasan a chithear [Phlana Chorporra 2018-2023 aig a' Bhòrd](#), 's mar sin tha e riatanach gu bheil sibh eòlach air a' phlana mus cuir sibh iarrtas maoinachaidh a-steach.

About the Fund

Colmcille is a partnership between Foras na Gaeilge in Ireland and Bòrd na Gàidhlig in Scotland. It fosters communication and collaboration between the language communities of Scottish and Irish Gaelic.

This year we are commemorating 1500 years since the birth of St Columba [with a year of special events and projects](#).

This section of the fund is dedicated to providing support to Gaelic speakers who wish to take an Irish course, promoting the mutual understanding between Gaelic and Irish speakers in Scotland and Ireland.

About Bòrd na Gàidhlig

Who we are

Bòrd na Gàidhlig is the public body responsible for planning and leading the development of Gaelic language and culture in Scotland on behalf of the Scottish Government.

Our vision

That Gaelic is seen and heard on a daily basis across Scotland, such that it is widely recognised as an integral part of Scottish life and a national cultural and economic asset.

Each Bòrd na Gàidhlig funding programme is based upon the priorities as communicated in the [Bòrd's Corporate Plan 2018-2023](#), and as such it is vital that you are familiar with this plan before you submit your application.

Daoine a gheibhear taic

Tha sgeama na bliadhna seo ri fhaotainn do dhaoine a tha:

- A' fuireach ann an Alba
- A' bruidhinn na Gàidhlig
- Airson cùrsa Gaeilge aithnichte a dhèanamh (air-loidhne no san àite) eadar an Giblean 2021 agus am Màrt 2022

Thèid prìomhachas a thoirt dhaibhsan a tha fileanta sa Ghàidhlig agus nach d' fhuair taic roimhe bhon sgeama.

Faodaidh sibh cur a-steach airson taic a dh' ionnsaigh cìsean a' chùrsa agus/no siubhal is àite-fuirich co-cheangailte ri frithealadh a' chùrsa.

Tha fàilte air iarrtasan airson suas ri **£400**, no suas ri **£600** airson daoine a tha nan oileanaich làn-thìde, no a tha gun obair no gun tuarastal (feumar a thoirt seachad leis an iarrtas agaibh).

Mar as trice, thèid taic-airgid airson iarrtasan soirbheachail a phàigheadh às dèidh dhuibh aonta taic-airgid, dearbhadh gun deach an cùrsa a choileanadh agus aithisg dheireannach a thilleadh dhan Bhòrd, ach mur eil an clàr-ama seo freagarrach faodaidh luchd-tagraidh clàr-ama eil e a mholadh.

Sgrùdadh is measadh air a' phròiseact

Feumaidh gach neach a tha soirbheachail aithisg dheireannach a chur gu Bòrd na Gàidhlig às dèidh dhaibh an cùrsa aca a chrìochnachadh.

Thèid fiosrachaidh iarraidh san aithisg ceangailte ri slatan-tomhais bho [Phlana Corporra Bhòrd na Gàidhlig 2018-23](#):

- “Tha an cùrsa seo air mo bhrosnachadh gus Gaeilge a chleachdadh nas trice”
- “Tha an cùrsa seo air mo sgilean Gaeilge a thoirt air adhart”
- “Tha an cùrsa seo air cur ri mo bheachd air cho cudromach 's a tha an dàimh eadar luchd-labhairt na Gàidhlig is Gaeilge”

People this fund aims to support

This year's scheme of support for Irish courses is open to people who are:

- Resident in Scotland
- Gaelic speakers
- Looking to undertake a recognised Irish course (either online or in-person) between April 2021 and March 2022

Priority will be given to fluent Gaelic speakers and applicants who have not previously received support from the scheme.

You can apply for support towards course fees and/or travel and accommodation relating to attending the course.

Applications are welcome for up to **£400**, or for up to **£600** for those who are currently a full-time student, unemployed or unwaged (evidence must be provided along with your application).

Funding for successful applications will normally be paid upon return of the funding agreement, confirmation of course completion and receipt of a final report, however if this timetable is not appropriate applicants can propose an alternative timetable.

Project monitoring and evaluation

All successful applicants will be required to submit a final report to Bòrd na Gàidhlig after completion of the course.

Feedback will be requested in the report relating to the following measures identified in [Bòrd na Gàidhlig's Corporate Plan 2018-23](#):

- “This course has encouraged me to use Irish more often”
- “This course has enhanced my Irish skills.”
- “This course has made me believe more strongly that the link between Gaelic and Irish speakers is important”

Gheibhear teimplaid airson aithisg dheireannach a' chùrsa leis an aonta taic-airgid no le bhith a' cur post-d gu colmcille@gaidhlig.scot

A' cur iarrtas a-steach

Bu chòir dhuibh bruidhinn ri Bòrd na Gàidhlig cho luath 's as urrainn ma tha ceistean agaibh mu dheidhinn a' phròiseict no iarrtas agaibh air post-d gu colmcille@gaidhlig.scot

Bu chòir dhuibh am Foirm-iarrtais a lìonadh sa Ghàidhlig no sa Bheurla (ann an [cruth PDF](#) no [cruth Word](#)) agus a chur gu Bòrd na Gàidhlig.

Faodar am foirm-iarrtais a chur a-steach ann am post-d gu colmcille@gaidhlig.scot no sa phost gu:

Sgioba Thabhartasan, Bòrd na Gàidhlig
Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn
Inbhir Nis, IV3 8NW

Tha sinn cuideachd ag iarraidh gum bi sibh lìonadh foirm-sgrùdaidh Cothroman Co-ionannachd agus seo a thilleadh ri corporra@gaidhlig.scot.

Feumaidh iarrtasan a bhith aig Bòrd na Gàidhlig **ro 3f air Diardaoin 11 Gearran 2021**. Cha tèid beachdachadh air iarrtasan a thig a-steach às dèidh a' chinn-là sin ach ma tha cead air toirt seachad bho oifigearan Bhòrd na Gàidhlig ro làimh ann an sgrìobhadh.

Cuimhnichibh, dh'fhaodadh gun iarr Bòrd na Gàidhlig tuilleadh fiosrachaidh no soilleireachadh bhuaibh às dèidh dhuibh iarrtas a chur a-steach.

Mar a nì sinn measadh air an iarrtas

Gheibh a h-uile tagraiche fios bho Bhòrd na Gàidhlig taobh a-staigh dà latha-obrach a' dearbhadh gun d' fhuair sinn an t-iarrtas aca.

A template for the final course report will be provided along with the funding agreement or upon emailing colmcille@gaidhlig.scot

Submitting an application

You should talk to Bòrd na Gàidhlig as soon as possible if you have any questions about your project or application via email at colmcille@gaidhlig.scot

You should complete the Application Form in Gaelic or English (either in [PDF format](#) or [Word format](#)) and submit it to Bòrd na Gàidhlig.

The form can be submitted to colmcille@gaidhlig.scot or by post to:

Grants Team, Bòrd na Gàidhlig,
Great Glen House, Leachkin Road
Inverness, IV3 8NW

We also request that you complete an Equal Opportunities monitoring form and return this to corporra@gaidhlig.scot.

Applications must be submitted to Bòrd na Gàidhlig no later than **3pm on Thursday 11 February 2021**. Applications submitted after this date will not be considered except if prior permission has been provided in writing by Bòrd na Gàidhlig officers.

Please note, Bòrd na Gàidhlig may request additional information or clarification of details after the application has been submitted.

How we will assess your application

All applicants will receive an acknowledgment within two working days to confirm that Bòrd na Gàidhlig have received their application.

An uair sin thèid sgrùdadh a dhèanamh air iarrtasan le oifigearan Bhòrd na Gàidhlig gus dearbhadh gu bheil iad a' leantainn riaghailtean na maoine agus a thoirt seachad fiosrachadh a tha a dhìth. Ma thathar den bheachd nach eil an iarrtas agaibh ceadaichte, thèid iarraidh oirbh seo a chur ceart taobh-a-staigh 10 làithean-obrach no gun tèid an iarrtas agaibh a dhiùltadh.

Thèid gach iarrtas ceadaichte air a mheasadh le pannail de dh' oifigearan aig Bòrd na Gàidhlig, agus bidh iad a' moladh iarrtasan dhan Sgioba Stiùiridh airson aontachadh aig a' choinneimh aca sa Mhàirt 2021.

Thèid innse do thagraichean mu cho-dhùnaidhean air an iarrtas aca aig deireadh a' Mhàirt no tràth sa Ghiblein 2021.

Tuilleadh fiosrachaidh

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun a' mhaoin seo, tadhail air [làrach-lìn Bòrd na Gàidhlig](#) no cuiribh fios gu colmcille@gaidhlig.scot.

Gheibhear fiosrachadh mu [phrìobhaideachd a thaobh ar sgeamaichean maoineachaidh air-loidhne](#).

Bòrd na Gàidhlig officers will then screen applications to ensure they comply with the rules of the fund and have provided necessary information. If your application is deemed ineligible, you will be asked to rectify this within 10 working days, or your application will be declined.

All eligible applications will be assessed by a panel of Bòrd na Gàidhlig officers, and they will recommend to the Senior Management Team which applications to approve at their meeting in March 2021.

All applicants will be informed of the result of their application in late March or early April 2021.

More information

For more information about this fund, please visit the [Bòrd na Gàidhlig website](#) or contact Bòrd na Gàidhlig at colmcille@gaidhlig.scot.

Privacy information [relating to our funding schemes can be found online](#).